# 18 FIR-TÀILEISG LEÒDHAIS

## GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

***'S urrainn dhomh fiosrachadh fìor a sgrìobhadh mu dheidhinn fir-tàileisg Leòdhais.***

- Faigh a-mach mu eachdraidh geama an tàileisg.
- Dèan loidhne-tìm a' sealltainn mar a thàinig tàileasg chun Roinn Eòrpa.
- Rannsaich fir-tàileisg Leòdhais - cia mheud, càite bheil iad, cò ris a tha iad coltach, msaa.
- Thèid a dh'fhaicinn feadhainn aca ann am museum, no coimhead ri mic-samhailtean nam fear-tàileisg.
- Rannsaich dè tha àrc-eòlaichean ag ràdh mu dheidhinn fir-tàileisg Leòdhais.
- Thèid a dh'fhaicinn far an deach na fìr-tàileisg a lorg ann an Ùige.
- Leugh an leabhar 'Fìr-Tàileisg Leòdhais' le Irving Finkel.
- Bheir seachad beachd air an leabhar agus an dòigh a tha e sgrìobhte.
- Dèan bileag fiosrachaidh airson sgoiltean air fir-tàileisg Leòdhais.

***Tha mi ag ionnsachadh tàileasg a chluich.***

- Ionnsaich mu dheidhinn a' chlàr-tàileisg agus na ceàrnagan dorch agus soilleir.
- Ionnsaich ainmean nam fear-tàileasg – rìgh, bànrigh, ridire, easbaig, fear-glèidhidh, pàn.
- Ciamar a bhios na fir-tàileisg a' dol air a' chlàr.
- Dè na gluasadan a dh'fhaodas na pàin a dhèanamh.
- Gluais air adhart agus ionnsaich gluasadan nan easbaigean, nam fear-glèidhidh, nan rìdirean, na bànrigh agus an rìgh.
- Ionnsaich dè tha 'check' agus 'checkmate' a' ciallachadh.
- Cluich tàileasg an aghaidh program chompiutair.
- Cuir air dòigh cluba tàileisg san sgoil.
- Cluich tàileisg gu tric le do charaidean.

## CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Carson a tha thu a' smaoineachadh a ghluais an geama seo timcheall an t-saoghal?

Dè smuain a bhuail thu nuair a chunnaic thu fir-tàileisg Leòdhais airson a' chiad uair?

Chan eil fhios aig duine le cinnt carson a bha iad air an tiodhlacadh ann an Ùige. Dè do bheachd-sa?

Sgrìobh Irving Finkel an leabhar aige tro shùilean nam fear-tàileisg. Na dh'obraich seo?

An e deagh gheama a th' ann an tàileasg? Carson?

## CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

https://www.chess.com/blog/jim_ostler/history-of-chess12

https://simple.wikipedia.org/wiki/History_of_chess

http://www.britishmuseum.org/about_us/news_and_press/statements/the_lewis_chessmen.aspx

http://www.bbc.co.uk/ahistoryoftheworld/objects/LcdERPxmQ_a2npYs-tOwVkA

http://www.nms.ac.uk/explore/stories/scottish-history-and-archaeology/lewis-chessmen/

http://www.chessctr.org/lessons.php

*Fir-Tàileisg Leòdhais agus na thachair dhaibh, by Irving Finkel, British Museum Press*

*The Lewis Chessmen and what happened to them, by Irving Finkel, British Museum Press*

## EÒLASAN IS BUILEAN

***Trom ionnsachadh air fad, is urrainn dhomh goireasan-siridh bhunan eileagtronaigeach a chleachdadh, airson fiosrachadh a lorg agus fhaighinn air ais, agus is urrainn dhomh aithneachadh cho cudromach 's a tha seo nam àite ionnsachaidh, aig an taigh agus san àite-obrach.***
***TCH 2-03b***

***'S urrainn dhomh taghadh prìomh agus dàrna stòrasan airson tachartasan san àm a dh'fhalbh a rannsachadh.***
***SOC 2-01a***

***A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa,'s urrainn dhomh fiosrachadh a lorg, a thaghadh agus a chur an òrdugh bho mheasgachadh de ghoireasan agus seo a chleachdadh airson diofar adhbharan.***
***LIT 2-14a***

***'S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn fhreagarrach is an cleachdadh airson fiosrachadh a thuigsinn, mo smaoineachadh a thoirt air adhart, ceistean a rannsachadh is teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh.***
***LIT 2-15a***

***Nuair a bhios mi ag obair agus ag ionnsachadh còmhla ri daoine eile, tha mi a' cur ri mo raon sgilean, a' sealltainn comas planaidh agus a' coileanadh nan amasan a chuir mi romham.***
***HWB 2-23a***

***Tha m' ionnsachadh ann am matamataig a' toirt dhomh comas: dèiligeadh ri bun-bheachdan matamataigeach nas fhosgailte agus a bhith ag ionnsachadh dòighean smaoineachaidh ùra***



CNES e-stòras académie Toulouse DÉPARTEMENT DU GERS Erasmus+